

# Tuairisgeul Obrach Tidseir

## TUAIRISGEULAN OBRACH

### DLEASTANASAN THIDSEARAN UILE:

“Thèid dleastanasan thidsearan a chur an cèill anns an Sgeama de Chumhaichean Seirbheis

agus bidh iad:-

Fo ùmhlachd phoileasaidhean na sgoile agus ùghdarras an fhoghlaim gus gnìomhan a choileanadh mar a dh'ìarras an ceannard, le aire reusanta do uallach obrach iomlan an tidseir, a' buntainn ris na h-earrannan a leanas:-

- a) clasaichean òrdaichte a theagasg;
- b) leasain agus cùrsaichean ullachadh;
- c) leasachadh curraicealaim na sgoile a ghabhail os làimh ;
- d) obair nan sgoilearan a mheasadh is a chlàradh agus cunntas a thoirt air;
- e) Sgoilearan a chur air adhart airson deuchainnean nàiseanta agus cuideachadh leis an obair-rianachd a tha co-cheangailte riutha
- f) trèanadh iar-theisteanachail ghabhail os làimh;
- g) cur ri leasachadh proifeiseanta cho-obraichean, tidsearan pròbhaidh agus tidsearan a oileanach nam measg;
- h) cur ri rianachd agus eagrachadh na sgoile;
- I) deagh òrdan agus smachd a chumail suas am measg sgoilearan agus an cuid slàinte is sàbhailteachd a dhion;
- j) comhairle agus stiùireadh a thoirt do sgoilearan mu chùisean a' buntainn rin cuid foghlaim;
- k) cunntas a thoirt seachad agus còmhraidhean a chumail mu adhartas sgoilearan len pàrantan agus le buidhnean eile aig a bheil dleastanas reachdail a' buntainn ri cùram chloinne."